



National 3  
Unit  
Specification



**Gàidhlig: Litearrachd (Nàiseanta 3)**

**SCQF: ìre 3 (6 puingeann creideis SCQF)**

**Còd aonaid: H27C 73**

## Cnàmhan an aonaid

'S e adhbhar an aonaid seo sgilean leughaidh, sgrìobhaidh, èisteachd is labhairt an luchd-ionnsachaidh a leasachadh, anns a' Ghàidhlig, ann an grunn riochdan a' buntainn ri ionnsachadh, beatha agus obair. Fàsaidh luchd-ionnsachaidh comasach air beachdan agus fiosrachadh sìmplidh, air a labhairt agus ann an sgrìobhadh, a thuigsinn. Fàsaidh luchd-ionnsachaidh comasach cuideachd air beachdan agus fiosrachadh a chur an cèill, air an labhairt agus ann an sgrìobhadh, le cinnteachd theicnigeach.

Bidh luchd-ionnsachaidh a choileanas an t-aonad seo comasach air:

- 1 Teacsaichean Gàidhlig sìmplidh a tha stèidhte air faclan a leughadh agus a thuigsinn
- 2 Èisteachd ri conaltradh Gàidhlig sìmplidh air a labhairt, agus a thuigsinn
- 3 Teacsaichean Gàidhlig sìmplidh a tha ceart gu teicnigeach a sgrìobhadh
- 4 Labhairt gus conaltradh a dhèanamh, sa Ghàidhlig, a rèir an luchd-amais agus an adbhair

'S e seo aonad richuatanach de chùrsa Gàidhlig Nàiseanta 3 agus tha e cuideachd ri fhaotainn mar aonad air leth. Bu chòir an sònrachadh aonaid a leughadh còmhla ri Notaichean Taic an Aonaid airson Gàidhlig: Litearrachd (Nàiseanta 3), anns a bheil comhairle agus stiùireadh air libhrigeadh, dòighean measaidh agus leasachadh air sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair. Tha eisimpleirean de shlatan-tomhais airson an aonaid seo rim faighinn anns an taic measadh aonaid.

## **Ìre tòiseachaidh**

Gheibhear a-steach don aonad seo le cead an ionaid. Ge-tà, bhiodh dùil gum biodh luchd-ionnsachaidh air na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse riatanach fhaighinn bho aon no barrachd de na leanas no bho eòlas co-ionann:

- ◆ cùrsa Gàidhlig Nàiseanta 2 no aonadan buntainneach bhon chùrsa

A thaobh ionnsachadh agus eòlas ro-làimh, dh'fhaodadh eòlasan agus builean buntainneach a bhith nam bunait airson an t-aonad seo a dhèanamh. Tha tuilleadh fiosrachaidh air eòlasan agus builean buntainneach air a thoirt seachad ann an notaichean taic an aonaid.

## **Sgilean Bunaiteach**

Bheir an aonad seo an Sgil Bunaiteach:

- ◆ Conaltradh aig SCQF ìre 3

## **Co-ionannachd agus in-ghabhail**

Tha an sònrachadh aonaid seo air a dhealbh gus dèanamh cinnteach nach eil bacaidhean neo-riatanach ann ro ionnsachadh no measadh. Bu chòir feumalachdan luchd-ionnsachaidh fa leth a thoirt fa-near nuair a thatar a' planaigeadh eòlasan ionnsachaidh, a' taghadh dòighean measaidh no a' cnuasachadh air fianais eile. Airson fiosrachadh a bharrachd, seall air notaichean taic an aonaid.

# **Slatan-tomhais**

## **Builean agus slatan-tomhais measaidh**

### **Buil 1**

**1 Teacsaichean Gàidhlig sìmplidh a tha stèidhte air faclan a leughadh agus a thuigsinn le bhith:**

- 1.1 A' taghadh agus a' cleachdadh fiosrachadh buntainneach
- 1.2 A' sealltainn mothachadh air grunn fheartan diofraichte de chànan
- 1.3 A' sealltainn mothachadh air èifeachdas

### **Buil 2**

**2 Èisteachd ri conaltradh Gàidhlig sìmplidh air a labhairt, agus a thuigsinn le bhith:**

- 2.1 A' taghadh agus a' cleachdadh fiosrachadh buntainneach
- 2.2 A' sealltainn mothachadh air grunn fheartan diofraichte de chànan
- 2.3 A' sealltainn mothachadh air èifeachdas

### **Buil 3**

**3 Teacsaichean Gàidhlig sìmplidh a tha ceart gu teicnigeach a sgrìobhadh le bhith:**

- 3.1 Ag eagrachadh beachdan gu h-iomchaidh ann an sgrìobhadh
- 3.2 A' taghadh agus a' cleachdadh cànan sìmplidh, a' gabhail a-steach litreachadh, gràmar agus puingeachadh iomchaidh

### **Buil 4**

**4 Labhairt gus conaltradh a dhèanamh, sa Ghàidhlig, a rèir an luchd-amais agus an adhair le bhith:**

- 4.1 Ag eagrachadh beachdan gu h-iomchaidh ann an conaltradh air a labhairt
- 4.2 A' dèanamh conaltradh èifeachdach le bhith a' taghadh agus a' cleachdadh cànan sìmplidh air a labhairt
- 4.3 A' cleachdadh ghnàthasan neo-bhriathrach

## Fianais riatanach airson an aonaid

Bu chòir do luchd-measaidh breithneachadh dreuchdail, eòlas agus fèin-fhiosrachadh cuspaireil, agus tuigse mun luchd-ionnsachaidh aca, a chleachdadh gus socrachadh air na dòighean as iomchaidh air fianais fhaighinn agus na suidheachaidhean agus na co-theacsaichean anns an tèid an cleachdadh. Bu chòir dhaibh dèanamh cinnteach gu bheil fianais gu leòr ann air comas, ann am fianais an neach-ionnsachaidh air sgilean litearrachd, a leigeas leotha breithneachadh a bheil an neach-ionnsachaidh air an t-aonad a choileanadh.

Am measg na fianais airson an aonaid seo bidh:

Airson buil 1: freagairtean do a bhith a' leughadh co-dhiù aon teacsa Gàidhlig a tha stèidhte air faclan.

Airson buil 2: freagairtean do a bhith ag èisteachd ann an Gàidhlig co-dhiù aon turas.

Airson buil 3: co-dhiù aon teacsa Gàidhlig sgrìobhte de chòrr is 80 facal a chuireas brìgh tarsainn air a' chiad leughadh.

Airson buil 4: a' labhairt, fa leth no mar phàirt de dheasbad buidhne, anns a' Gàidhlig, co-dhiù aon turas.

Tha e coltach gum bi teacsaichean stèidhte air faclan fuincseanach no gnothachail.

Far a bheil an t-aonad Gàidhlig: Litearrachd (Nàiseanta 3) air a libhrigeadh mar phàirt de chùrsa Gàidhlig Nàiseanta 3, gheibhear comhairle agus stiùireadh a bharrachd air measadh amalaichte ann an Notaichean taic a' Chùrsa airson Gàidhlig Nàiseanta 3.

Tha eisimpleirean de mheasadh rim faighinn anns an taic measadh aonaid. Tha comhairle agus stiùireadh air dòighean measaidh air an toirt seachad ann an notaichean taic an aonaid.

# Leasachadh sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair

Tha sgilean litearrachd coitcheann ann an [Skills Framework: Skills for Learning, Skills for Life and Skills for Work](#) le SQA. Tha an t-aonad Gàidhlig: Litearrachd (Nàiseanta 3) bunaichte air an fhrèam seo agus còmhdaichidh luchd-ionnsachaidh na prìomh sgilean litearrachd gu lèir. Seo na prìomh sgilean litearrachd:

## 1 Litearrachd

- 1.1 Leughadh
- 1.2 Sgrìobhadh
- 1.3 Èisteachd is labhairt

Tha dùil gun leasaich luchd-ionnsachaidh sgilean farsaing, coitcheann tron aonad seo. Tha na sgilean a bhios luchd-ionnsachaidh a' leasachadh agus a' leudachadh tron aonad stèidhte air Skills Framework: Skills for Learning, Skills for Life and Skills for Work le SQA agus tha iad bho na prìomh raointean sgilean gu h-ìosal. Feumar iad seo fhisge a-steach don aonad far a bheil cothroman iomchaidh ann.

## 5 Sgilean smaoinichidh

- 5.3 A' cleachdadh
- 5.4 A' mion-sgrùdadh agus a' luachadh

Tha leudachadh air na sgilean seo ri fhaighinn ann an Skills Framework: Skills for Learning, Skills for Life and Skills for Work le SQA. Bu chòir ìre nan sgilean sin a bhith a rèir ìre SCQF an aonaid agus a rèir sònrachadh na h-ìre SCQF. Tha tuilleadh fiosrachaidh mu bhith a' fhisge a-steach sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair ri fhaighinn ann an notaichean taic an aonaid.

# Fiosrachadh rianachd

---

Foillsichte: Cèitean 2023 (dreach 2.0)

---

## Eachdraidh atharraichean

Dreach	Iomradh air an atharrachadh	Deit
2.0	Atharrachaidh air ìrean measaidh.	Cèitean 2023

Faodar an sònrachadh seo ath-riochdachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan foghlaim fhad 's nach fhaighear prothaid bhon ath-riochdachadh, agus, ma thèid pàirt dheth ath-riochdachadh, gun tèid aithne a thoirt don tùs. Faodar lethbhreacan a bharrachd den aonad seo luchdachadh a-nuas bho [làrach-lìn SQA](#).

Thatar a' moladh gun coimhead sibh air [làrach-lìn SQA](#) a dhèanamh cinnteach gur e an dreach às ùire den t-sònrachadh aonaid a tha sibh a' cleachdadh.